

Comataidh Shusbaint, Sgilean agus Dhàimhean MG ALBA

15/12/20, 1000-1130

Zoom

Dreach geàrr-chunntas

Buill: Iain Stephen Moireasdan (sa Chathair) Màiri Kidd
Ailean Dòmhnallach Lisa Annette
Rhoda NicDhòmhnaill

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (An t-Àrd-Oifigear)
Iseabail Nic an t-Sagairt (Stiùiriche Susbaint Ioma-Ùrlair)
Neil M Ghreumach (Stiùiriche Ionmhais)
Donaidh Dòmhnallach (Manaidsear Gnìomhachais)
Mairi Anna NicAonghais (a' gabhail geàrr-chunntas)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach (Ceannard Seirbheis) [airson puing 6]

1. Leisgeulan

1.1 Cha robh gin.

2. Gnothach Dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 4/12/20

3.1 Aontaichte.

4. Stèidheachadh Comataidh Shusbaint, Sgilean & Dhàimhean: Dleastanas na Comataidh

4.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' comharrachadh stèidheachadh Comataidh Shusbaint, Sgilean & Dhàimhean agus a' sireadh aonta air 1) dleastanas na Comataidh agus 2) atharrachaidhean ann am pàipearan riaghlaidh MG ALBA (Riaghailtean Ionmhasail; Sgeama Tiomnachaidh agus Rianachd agus sna Gnàth Riaghailtean) agus chaidh deasbad a chumail.

- 4.2 Co-dhùnadh: 1) chaidh an dleastanas aontachadh (an dèidh typo a bhith air a cheartachadh) agus 2) an dèidh atharrachadh beag no dhà sna facail sna pàipearan riaghalaidh, chaidh an aontachadh.
- 4.3 Gnìomhan: 1) thèid an dleastanas fhoillseachadh air làrach-lìn na buidhne; 2) thèid na pàipearan riaghalaidh air adhart chun ath coinneamh bùird agus 3) thig dreach clàr-obrach na Comataidh air beulaibh bhall aig coinneamh a' Ghearain. (MAMI)

5. Dràma

- 5.1 Aig coinneamh an Ògmhios 2019, chaidh na leanas a mholadh leis a' bhòrd:
“Chaidh moladh leis a' Bhòrd, agus chaidh aontachadh leotha, gu robhas ag iarraidh air oifigearan – nuair a bha a' chùmhntant a tha ann an-dràsta air crìoch a ruighinn - dràma a libhrigeadh airson BBC ALBA thairis air 3 bliadhna, le luach co-dhiù £1.5m gach bliadhna. Bhiodh am Bòrd deònach £0.5m de dh'airgead MG ALBA a chur ris gach bliadhna airson 3 bliadhna (£1.5m gu h-iomlan) agus thigeadh an còrr (£1m gach bliadhna, no £3m thairis air 3 bliadhna) bho bhuidhnean eile.”
- 5.2 Le dràma cho cudromach don luchd-coimhid agus le cùmhntant Young Films a' tighinn gu crìoch ann an 2021, chaidh innse gu bheil Sgioba Phrògraman BBC ALBA air a bhith ag obair bho dheireadh 2018 air na thig às dèidh *Bannan*.
- 5.3 A' leantainn sin, bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh aonta air:
- gun comharraich MG ALBA £3.2m thairis air 3 bliadhna airson dràma airson BBC ALBA;
 - gun tèid sin a shealltainn anns a' Plana Obrachaidh 2021-22 agus anns a' Phlana Corporra 2021-22 gu 2023-24.
 - Gun aontaich buill gu lean maoin eachadh dràma aig ìre £1m pa, agus gu sònraichte gun comharraich MG ALBA £3.2m thairis air 3 bliadhna airson dràma airson BBC ALBA (2021-22 £1.1m; 2022-23 £1.05m; 2023-24 £1.05m)
- 5.4 Bha oifigearan a' moladh gu lean oidhirpean (aig a bheil comharraidhean soirbheachais chun seo) gus cur ri maoin na buidhne bho thobraichean eile, nam measg Sgrìon Alba agus Young Audiences Content Fund aig am British Film Institute.
- 5.5 Chaidh innse gu bheil e soilleir gu bheil Sgrìon Alba gu làidir dhen bheachd nach e ròl aca-san a bhith a' dèanamh '*substitution*' air maoin chraoladair, ach a bhith a' dèanamh '*augmentation*'. Chaidh a dhèanamh soilleir nach eil coltas ann gun cuir Sgrìon Alba co-maoin eachadh riochdachaidh gu pròiseact ann an suidheachadh far an robhas a' sireadh *substitution*.

- 5.6 Leis an sin, 's e co-dhùnadh nan oifigearan nach eil coltas ann gum faighear an co-maoineachadh a bhiodh a dhith airson dùblachadh £0.5m pa, a cheadaicheadh pròiseact aig £1m pa.
- 5.7 Ri linn sin 's e moladh nan oifigear gun lean maoineachadh drama aig £1.1m pa, oir:
- 's e beachd nan oifigear gu bheileas nas dualtaiche argamaidean shoirbheachail a thogail airson co-maoineachadh stèidhichte air bonn-stèidh *meudachadh* maoin, seach 'substitution'; agus
 - cuiridh £1.1m pa dìon air feumalachdan an luchd-coimhid agus toraidhean luachmhor a chaidh a chruthachadh le *Bannan*.
- 5.8 Nan deidhamaid air adhart le £0.5m pa airson dràma, 's e an cunnart nach rachadh co-maoineachadh fhaighinn, agus leis an sin:
- gum biodh 1.25 uair a thìde de dhràma air an t-seanail sa bhliadhna (seach 2.5);
 - gum biodh sin na cheum air ais dhan luchd-coimhid ann an gnè a tha fianais gu cunbhalach a' dearbhadh a tha cudromach, nam measg do luchd-coimhid òga;
 - nan cuireadh an sàbhaladh gu gnè eile, nach biodh an aon bhuidheann ann dhan luchd-coimhid; agus gur ann nas lugha a bhiodh cothroman a thaobh co-maoineachadh seach nas motha
- 5.9 Às na beachdan a thàinig tro na ceumannan leasachaidh, tha Sgioba Phrògraman BBC ALBA air dà bheachd a shònrachadh a thathas am beachd a dh'fhaodadh na diofar amasan a choileanadh a thaobh feumalachdan an luchd-coimhid, agus a' togail air bonn-stèidh agus dìleab Bannan, seach a bhith a' gabhail ceum air ais, no a bhith a' fuireach aig an aon inbhe. Tha aon dhiù le prìs c. £1m, agus aon mu £3.2m.
- 5.10 Le £1.1m pa mu choinneimh a' ghnè bhiodh e comasach togail air adhartas chun seo ann an dòigh ro-innleachdail, a thaobh quality agus a thaobh comas co-mhaoineachaidh m.e. le Pròiseact 1 airson 2 bhliadhna agus aig a cheart àm trusadh an airgid airson Pròiseact 2, le amas a cheadachadh tro co-mhaoineachadh ann an Bliadhna 3.
- 5.11 A' leantainn sin, bha moladh air beulaibh bhall gun deigheadh aontachadh gur e am prionnsabal a thaobh co-mhaoineachaidh dràma meudachadh (augmentation) seach 'substitution', airson maith an luchd-coimhid agus airson togail air a' bhonn-stèidh a chaidh a chruthachadh chun seo.
- Tha oifigearan cuideachd dòchasach gu bheil aonta faisg airson sreath de phrògraman dràma chloinne airson BBC ALBA, luach £1m, le 15% bho MG ALBA agus 85% dhen mhaoin air a cho-mhaoineachadh.

- 5.12 Chaidh còmhradh a chumail mun a) cho-theacsa susbaint agus ionmhais airson Plana Corporra 2021-22 gu 2023-24; b) àite dràma ann an ro-innleachd BBC ALBA; c) co-theacsa co-maoineachadh dhràma (a' gabhail a steach dràma chloinne) BBC ALBA, agus moladh nan oifigear air maoineachadh dhràma airson 21-24; agus d) slighe leasachaidh dràma.
- 5.13 Chaidh a dhaingneachadh gu robh am moladh air beulaibh bhall airson maith an luchd-amhairc agus airson a bhith a' cur ri portfolio na buidhne a thaobh dràma le cliù na buidhne airson prògraman aig àrd ìre na phrìomhachas agus gu bheileas air slighe brosnachail le na companaidhean agus nan deigheadh fuireach aig £0.5m sa bhliadhna gu bheil cunnartan.
- 5.14 A thaobh 'additionality' a bha buidhnean leithid Alba Chruthachail a' lorg chaidh a dhaingneachadh gu bheil seo mu chliù eadar-nàiseanta a' tighinn à Alba agus gu bheileas a' feuchainn ri bhith a' daingneachadh riutha gun urrainn do susbaint Ghàidhlig a bhith aig an ìre sin. 'S e slighe a bhios sin gus earbsa AC a thogail ann an comas susbaint Gàidhlig cur ri na h-amasan aca.
- 5.15 Chaidh a dhaingneachadh gur e £1m am figear a bhiodh MG ALBA a' cur ri pròiseactan agus an uair sin a' coimhead riuthasan is eile gus a' chòrr a chuir ris
- 5.16 Chaidh faighneachd an robh cunnart ann gun tèid na companaidhean gu buidhnean eile le na beachdan aca mura biodh MG ALBA ann an àite leantainn leotha. Aig an ìre seo chan eil oir tha iad ceangailte ris a' bhuidheann bho sheadh 'development agreement' agus ma thèid gluasad gu cùmhnant bidh iad ceangailte leinn.
- 5.17 Chaidh faighneachd an robh MoU ann eadar BBC Scotland agus Alba Chruthachail. Chaidh innse gu bheil agus san fharsaingeachd gu bheil seo feumail. Chaidh faighneachd am biodh e nas cuideachail nam biodh MoU air leth aig Gàidhlig. Chaidh a mhìneachadh nuair a thòisich Sgrion Alba chuir iad romhpa fhèin aonta fhaighinn le na craoladairean gus airgead network fhaighinn a dh'Alba agus mar sin tha an aonta leis a' BhBC seach gu dìreach le Alba. Ged a bha dràma leantainneach gu mòr san lèirsinn seo thuir iad cheana gu robh e cudromach gu robh Gàidhlig san t-sealladh san fharsaingeachd, seach le aonta fa leth. Chaidh innse gu robh beachd ann gu robh e nas fheàrr don Ghàidhlig a bhith taobh a-staigh uallaichean a' BhBC gus luach bhon taobh a-muigh fhaighinn a-steach. Le aithne gu robh pros and cons an lùib seo thèid coimhead ris a-rithist agus thig fiosrachadh air beulaibh bhall.
- 5.18 Chaidh faighneachd an deach iarraidh air a' BhBC seilbheach a chuir gu dràma airson na seanail. Chaidh innse gu robh am BBC a' leasachadh pròiseact *dual language*, ach cha deach leantainn leis. 'S e moladh oifigearan nach e sin am prìomhachas a thaobh maoineachadh dràma, seach dràma Gàidhlig. Tha an dà phròiseact ainmichte sa phàipear seo air a bhith fa chomair àrd-riochdaire dràma a' BhBC agus thèid leantainn le na còmhraidhean sin leotha.

- 5.19 Chaidh a dhaingneachadh gu bheil airgead dràma chloinne a' tighinn à buidseat chloinne seach buidseat dràma.
- 5.20 Chaidh faighneachd dè thachras leis an obair a chaidh a dhèanamh le Young Films a thaobh an leasachadh a chaidh a dhèanamh leotha. Chaidh innse gu bheil iadsan a thàinig tro threànadh ag obair air pròiseactan eile agus gu bheil cuid de na sgrìobhadairean a' leasachadh bheachdan comadaidh. Is cuideachd gun robhas an sàs le Young Films ann an leasachadh comadaidh.
- 5.21 Thuirt MK nach robh i buileach a' tuigsinn na h-aithris a thaobh phoileasaidhean Sgrìon Alba ach gur dòcha nach bu chòir dhith faighneachd air eagal 's gur e gnothach dearbhte a bhiodh ann.
- 5.22 Chaidh faighneachd càite an deigheadh na prògraman an dèanamh nan deigheadh air adhart. Chaidh innse gum biodh pàirt stèidhichte sna h-Eileanan Siar. Le pàirtean eile a dh'fhaodadh a bhith air an cruthachadh air tìr mòr, bhiodh a' mhòr-cuid stèidhichte sa coimhearsnachd.
- 5.23 Chaidh a dhaingneachadh gur ann air luchd-coimhid Gàidhlig air a bheileas ag amas le dràma, le daoine òga am measg sin ach le dòchas gun tigeadh an luchd-amhairc choitcheann ga ruige cuideachd.
- 5.24 Chaidh faighneachd dè chaidh a chosg air Bannan uile gu lèir. Chaidh innse gu robh 8 sreathan ann, a' cosg £1m gach sreath so chaidh seilbheach de £8m a chuir ris a' phròiseact, le airgead a' tighinn bho Alba Chruthachail airson prògraman deuchainn (pilots) agus airson a' chiad sreath de chòig prògraman
- 5.25 Ri linn 's gun do dh'aontaich am bòrd san Ògmhios 2019 gur e £0.5m a dheigheadh gu ruige dràma, agus nach robh am bòrd airson a bhith a' giùlain cosgaisean iomlan airson dràma, dh'fhaighnich an Cathraiche carson a chaidh £1m a-steach chun Phlana Obrachaidh an àite £0.5m. Chaidh leisgeul a thoirt seachad le IMT nach deach an iarrtas seo air beulaibh Comataidh Inbhean san Dàmhair ach gu robh oifigearan den bheachd gu robh e prudent seo a dhèanamh gus dràma a chuir aig ìre seasmhach.
- 5.26 Chaidh fàilte a chuir air gu robh adhartas ga dhèanamh le dràma chloinne. Chaidh faighneachd an robh e fìor a ràdh a thuilleadh air an seilbheach airson dràma chloinne nach robh seilbheach a bharrachd ann fhathast airson dràma eile. Chaidh innse gu bheileas air slighe a ruige seilbheach bho dhiofar bhuidhnean agus gu robhas misneachail gun tigeadh toradh à sin. Le £149k dha ghealltainn bho Alba Chruthachail mu choinneimh an dràma chloinne, Na h-Òsdairean/Triùir (ma thig am BFI air adhart le maoin) bha comharran dhòchais ann mu thuigse AC air na tha comasach do susbaint Gàidhlig. Nan cuireadh m.e MG

ALBA £1m a-steach gu pròiseact luach £3.2m, gun robh pròiseact àrd amasach mar sin nas dualtaiche airgead a thàladh a steach bho AC ach gur e slighe a bhiodh a sin.

- 5.27 Chaidh a ràdh le oifigearan ma thathas a' lùghdachadh an airgid nach fhaighear co-mhaoineachadh agus bidh nas lagha de dhràma air an t-seanail agus nach bithear a' coileanadh feumalachdan an luchd-coimhid.
- 5.28 Chaidh faighneachd cò air a dheidheadh an £0.5m a chosg mura tigeadh e gu ruige dràma. Chaidh innse gur ann air comadaidh a dheigheadh e oir 's ann an sin a bhios buaidh dha chruthachadh ach gu robh oifigearan den bheachd gu robh miann aig an luchd-amhairc cuideachd airson dràma.
- 5.29 Thuirt an Cathraiche nan aontaicheadh a' Chomataidh ri £1m gach bliadhna airson dà bhliadhna agus gum b' urrainnear a ràdh gu bheileas a' cur £2m gu ruige dràma, am biodh sin na fhigear mòr gu leòr gus co-mhaoineachadh a thrusadh bho chompanaidhean eile (in effect we have 2-year investment of £2m to work on Solas project.)
- 5.30 B' fhiach beachdachadh air gu bheileas dol a chuir £2m dhan phròiseact aig Solus
- 5.31 Bha moladh aig Cathraiche a' Bhùird gun deigheadh aontachadh ri pròiseact dà bhliadhna airson fear de na pròiseactan agus gun deigheadh airgead leasachaidh a chuir an àite gu ruige am pròiseact eile agus gun tigeadh an tuilleadh fiosrachaidh. Chaidh a ràdh le oifigearan nan deigheadh am moladh air beulaibh na Comataidh aontachadh gun tigeadh fiosrachadh às ùr gu bitheanta air am beulaibh air adhartas le na pròiseactan.
- 5.32 Chaidh a dhaingneachadh gu bheil am plana trì bliadhna a' toirt cothrom seasmhach a thoirt do dhràma.
- 5.33 Chaidh a ràdh le oifigearan gur e ceist buidseat a th' air beulaibh na comataidh an-diugh agus gur e bun stèidh ionmhasail a tha dha iarraidh. A thaobh na pròiseactan fhèin, thighead iad sin air ais chun Chomataidh agus chun bhùird san dòigh àbhaisteach, m.e. airson cead cosgais thar £100k cph.
- 5.34 Thuirt oifigearan gur e cinnt a bha dha shireadh airson adhbharan planaidh agus gun tigeadh fiosrachadh air ais chun Chomataidh agus chun bhùird san dòigh àbhaisteach a thaobh pròiseactan sònraichte ach gu robh frèama ionmhasail dha shireadh an-diugh.
- 5.35 Thuirt Cathraiche a' Bhùird gu robh e a' moladh àrdachadh bhon £1.5 thairis air dà bhliadhna a chaidh aontachadh san Ògmhios 2019 gu £2m thairis air dà bhliadhna agus nach biodh soirbheachas air a ruighinn gun tigeadh oifigearan air ais chun bhùird airson an £1m eile.
- 5.36 Thuirt IMT ma bha a' Chomataidh ag iarraidh an t-airgead a chuingealachadh mar sin nach eil cothrom gu bhith aig oifigearan co-mhaoineachadh a thogail agus gum bheil a cho-dhùnadh

seo a' cuingealachadh nan oifigearan, a' ciallachadh gum biodh cunnart ann nach tachair an dàrna pròiseact.

- 5.37 Dhaingnich an AO gur ann mu riarachadh bhuidseat (allocation of budget) a tha am moladh air beulaibh na Comataidh an-diugh agus gur e an rud a tha oifigearan a' sireadh 's e gun deigheadh an riarachadh sin a dhèanamh agus an uair sin gun deigheadh obair air pròiseactan a dhèanamh taobh a-staigh an riarachadh sin. Bhathas a' sireadh an-diugh dearbhadh air thathas airson a chuir gu ruige dràma mar mhaoin.
- 5.38 **Co-dhùnadh:** 1) bha cuid a bhuill ag iarraidh barrachd ùine agus fiosrachadh gus co-dhùnadh a ruighinn; 2) gu bheil uallach susbaint agus uallach molaidhean a thoirt chun bhùird air a' Chomataidh; 3) gu robh feum air an tuilleadh fiosrachaidh a thaobh na pròiseactan, gus co-dhùnadh a dhèanamh leis a' Bhòrd miann a' Bhùird (mar a chaidh a chur an cèill san Ògmhios 2019) atharrachadh agus an suim a dhùblachadh gus am buidseat a ghleidheil aig ìre £1m pa seach a ghearradh gu £0.5m pa; 4) gu robh feum air loidhne-tìde agus clàr-ama a thaobh an dà phròiseact; 5) gu bheil a' Chomataidh a' faireachdainn nach eil iad ullachta a thaobh ro-innleachd dràma agus gu feumar an tuilleadh deasbaid gus coimhead ri ro-innleachd dràma airson an ùine air thoiseachd; 6) ag iarraidh moladh a thighinn chun Chomataidh sa Ghearrain agus an uair sin air adhart chun bhùird. **(IMT)**
- 5.39 **Gnìomh:** thèid coinneamh eile (dàileachadh [adjournment] den choinneamh seo) a ghairm tràth sa bhliadhna ùr gus an tuilleadh deasbaid a dhèanamh. **(MAMI)**

6. GISBE

Cha robh gin.

7. Deit na h-ath choinneimh – coinneamh dàileachaidh Faoilleach 2021.

Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:

Deit: